

## Fèisean nan Gàidheal

### Stiùireadh air cur an gnìomh Sgeama Uairean Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal

#### Cuidichidh an stiùireadh a leanas Fèisean agus luchd-rianachd Fhèisean an Sgeama Uairean Bliadhnail a chur an gnìomh.

#### Mus tabhainn sibh obair

- 1 Cuiribh ann an sgrìobhadh tuairisgeul na h-obrach agus na dleastanasan dreuchdail a bhios aig an neach-rianachd Fèise. Bu chòir dleastanasan ciallach a bhith san tuairisgeul seo a tha a' gabhail ealla ri cia mheud uair a thìde a bhios iad ag obair, agus bu chòir mìneachadh gu soilleir cò tha os cionn an neach-rianachd Fèise (am manaidsèar aca) air comataidh na Fèise.
- 2 Bu chòir Fèisean sùil a thoirt air a' bhonn-stèidh aca ma tha iad a' tabhann dreuchd do chuideigin a tha air a' chomataidh aca, oir tha e neo-àbhaisteach do bhuill chomataidhean aig buidhnean saor-thoileach a bhith a' faighinn pàigheadh airson nì sam bith ach cosgaisean. Bidh e a rèir 's dè th' anns a' bhonn-stèidh agaibh, ach 's dòcha ma tha comataidh Fèise a' tabhann obair do chuideigin a tha air a' chomataidh sin, gum feum iad a' chomataidh fhàgail mus gabh iad an dreuchd òs làimh.
- 3 Bu chòir dhuibh cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal (FnG) airson "uairean bliadhnail", agus bu chòir dhuibh na riaghailtean a leantainn mar as iomchaidh.
- 4 Nuair a thigear gu co-dhùnadh a thaobh cò dha a thathar a' dol a thabhann na h-obrach, bu chòir fios a chur chun an neach-iarrtais agus latha aontachadh airson tòiseachadh san dreuchd. Bu chòir an uair sin ainm an neach-iarrtais a shoirbhich a chur gu Fèisean nan Gàidheal, còmhla ri fiosrachadh conaltraidh air a s(h)on. Bu chòir cuideachd fios a chur don luchd-iarrtais leis nach do shoirbhich.

#### Às dèidh dhuibh obair a thabhann

- 5 Bu chòir cùmhnant a dhealbh – le iomradh air tuarastal, uairean obrach, dleastanasan a bhith an làthair aig na Fèisean, a bhith an làthair aig Coinneamh Bhliadhnail FnG msaa. – agus sin aontachadh leis an neach-rianachd Fèise mus tòisich iad san obair. Chithear ball-sampall de chùmhnant ann an **Eàrr-ràdh 1**, agus faodaidh sibh dreach dealain a thoirt a-nuas bho làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig <http://www.feisean.org/adult/english/downloads.htm> a ghabhas atharrachadh a rèir na tha a dhìth oirbh. Faodaidh sinn cuideachd lethbhreac a chur thugaibh air a' phost-d.
- 6 Aon uair 's gu bheil sibh air an cùmhnant aontachadh, faodaidh FnG a' chiad chuibhreann de thabhartas sam bith a chaidh aontachadh airson dreuchd neach-rianachd Fèise a thoirt seachad.

#### Trèanadh

- 7 Mar a chìtear fo riaghailtean a' chùmhnant, agus riaghailtean sgeama thabhartasan Fèisean nan Gàidheal, 's dòcha gum bi aig luchd-rianachd Fhèisean ri dhol gu seiseanan trèanadh nuair a bhios feum air. Gheibhear cosgaisean a dh'èireas bho bhith an làthair air ais. 'S dòcha cuideachd gun tèid againn air trèanadh neach-ri-neach a thabhann ma tha luchd-rianachd fa leth ga iarraidh. Bu chòir bruidhinn ri Iona NicDhòmhnaill mu dheidhinn aig Fèisean nan Gàidheal, 01478 614001 no [iona@feisean.org](mailto:iona@feisean.org).

#### Dleastanasan a tha Fèisean nan Gàidheal a' sùileachadh

- 8 Bhiodh Fèisean nan Gàidheal a' sùileachadh gum freagradh neach-rianachd na Fèise ceistean, gun ùraicheadh iad gu cunbhalach am bathar-bog aca airson an coimpiutair a dhìon bho bhiorasan, gun cumadh iad sùil air puist-d agus gum freagradh iad iad sin gu sgiobalta, agus gur iad a' chiad duine ris am bruidhneadh daoine nan robh ceist aca mun Fhèis. Bu chòir eòlas a bhith aig gach neach-rianachd air an stiùireadh cùmhnant air coimpiutairean ma tha iad a' cleachdadh fear de na coimpiutairean aig Fèisean nan Gàidheal, faicibh **Eàrr-ràdh 2**. Bu chòir fiosrachadh pearsanta (m.e. aig daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean, buill nan comataidhean, luchd-teagaisg, msaa.) a chumail a rèir Stiùireadh air Dìon Fiosrachaidh, agus tha e a' tighinn fo sgèith clàradh Fèisean nan Gàidheal aig Coimiseanair an Fhiosrachaidh, mur an do chuireadh a-steach airson clàradh fa leth, agus gun do ghabhadh ris a' chlàradh sin.

## **Manaidsear airson an neach-obrach**

- 9 Bu chòir cuideigin iomchaidh bhon chomataidh ainmeachadh a bhios na mhanaidsear airson an neach-rianachd Fèise. Bu chòir don duine sin a bhith ri fhaotainn gus comhairle a thoirt don neach-rianachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil iad toilichte agus a' soirbheachadh nan obair. 'S dòcha gur iad cathraiche no rùnaire na Fèise an duine as iomchaidh airson na dreuchd seo. Bu chòir coinneamhan a chumail gu cunbhalach leis an neach-rianachd Fèise gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' dèanamh adhartas.
- 10 Rè beatha a' chùmhaint bu chòir don chomataidh dèanamh cinnteach, gun tèid na dleasan obrach a chaidh aontachadh a choileanadh, no ma dh'fheumar, gun tèid iad sin atharrachadh ann an co-bhuinn ris an neach-rianachd Fèise agus am manaidsear aca.

## **Fèin-stiùireadh**

- 11 Bu chòir do neach-rianachd na Fèise clàr a chumail de na h-uairean aca, ag innse mun obair a nì iad, trèanadh a nì iad, msaa, air am faod ball sam bith de chomataidh na Fèise ionadail coimhead ma tha iad ag iarraidh. Mar an ceudna, faodaidh ball sam bith de chomataidh na Fèise ionadail iarraidh sùil a thoirt air clàran ionmhasail na Fèise.
- 12 Tha e mar uallach air neach-rianachd na Fèise, agus iad ag obair air an ceann fhèin fo chùmhaint, dèanamh cinnteach gu bheil cìsean cosnadh agus àrachas nàiseanta co-cheangailte ris an obair aca air a phàigheadh agus air a chlàradh. Agus tha peinseanan prìobhaideach an urra ris an neach-rianachd cuideachd ma tha fear aca.

# Eàrr-ràdh 1

## Fèisean nan Gàidheal

### Ball-sampall de Chùmhnant

#### CÙMHNANT

eadar

#### Fèis (ainm na Fèise), (seòladh)

(ainmichte mar 'an Fhèis' às dèidh seo)

agus

#### (Ainm), (Seòladh)

(ainmichte mar 'ainm a rèir a' chùmhnant' às dèidh seo)

**tha na riaghailtean is cùmhnantan a leanas a' riaghladh a' cheangail eadar**

**(Ainm a rèir a' chùmhnant) agus Fèisean nan Gàidheal**

#### 1 Coitcheann

Tha (ainm) a-nis fo chùmhnant mar Neach-rianachd Fèise, agus coileanaidh iad dleastanasan taobh a-staigh (àireamh nan uairean) uairean a thìde thairis air (àireamh nan seachdainean) seachdainean. Cumaidh e/i ri riaghailtean, fiosan no stiùireadh a dh'fhaodar fhoillseachadh bho àm gu àm mu choinneimh a' chùmhnant seo.

Bidh (ainm) cunntachail do chomataidh na Fèise.

Tha an cùmhnant seo ga thabhann mar chùmhnant fèin-fhastachte.

#### 2 Am measg nan dleastanasan a bhios aig (ainm) bidh:

(cuiribh dleastanasan eile ann, no thoiribh às feadhainn, mar as iomchaidh – bithibh ciallach!)

- A' ruith oifis na Fèise bho latha gu latha
- A' riaghladh ar Stòras Ionnstramaidean Ciùil, an lùib sin: a' cur cùmhnantan, chunntasan is fhiosan-cuimhneachaidh a-mach gu daoine, agus a' cuideachadh le bhith cur air dòigh mar a thèid na h-ionnstramaidean a chur gu daoine
- A' freagairt a' fòn
- Ag obair le comataidh na Fèise, agus a' toirt taic rianachd dhaibh
- Ag eagrachadh stòr-dàta na Fèise is siostaman faidhlidh agus gan ùrachadh gu cunbhalach
- A' cumail chlàran ionmhasail às leth na Fèise
- A' cuideachadh le bhith a' cur an gnìomh Plana Leasachaidh na Fèise
- A' cuideachadh le bhith a' cur fiosrachadh sa phost gu daoine le ceangal ris an Fhèis
- A' cuideachadh le litrichean is sgrìobhaidhean àbhaisteach
- A' cur àiteachan-fuirich is ionadan-cluiche/teagaisg air dòigh don Fhèis
- A' gleidheadh luchd-teagaisg airson na Fèise
- A' dèiligeadh ri ceistean cumanta
- A' sgaoileadh Bhrathan-naidheachd
- Dleastanasan reusanta sam bith eile co-cheangailte ri obair na Fèise
- A' cuideachadh le bhith cur air dòigh na Fèise gach bliadhna, an lùib sin, ma dh'fheumar, a' gleidheadh luchd-teagaisg, ionadan-cluiche, àiteachan-fuirich, a' cruthachadh clàr-ama airson tachartasan, a' togail airgid agus a' dèanamh cinnteach gun tèid cùmhnantan thabhartasan Fèisean nan Gàidheal a choileanadh
- A' cur an gnìomh Plana Leasachaidh Gàidhlig na Fèise
- A' rannsachadh thobraichean maoinachaidh agus a' gleidheadh maoinachaidh do na Fèisean, gu sònraichte san sgìre ionadail, bho chompanaidhean/an roinn phrìobhaideach
- A' cur air dòigh tachartasan a thogas air na sgilean a chaidh ionnsachadh aig an Fhèis bhliadhnail
- A' dol gu seiseanan trànaidh air an cumail le Fèisean nan Gàidheal is buidhnean eile

#### 3 Ùine a' Chùmhnant

Tòisichidh an cùmhnant air (ceann-latha) agus thig e gu crìch air (ceann-latha).

#### 4 Pàigheadh

4.1 Pàighear £(sùim) gach uair a thìde. Thèid ur pàigheadh le seic nuair a gheibhear cunntas aig amannan a thèid aontachadh eadarainn.

4.2 Thèid gach cosgais aig (ainm) a dh'èireas bho bhith a' dèanamh a d(h)leastanasan a phàigheadh air ais, fhad 's tha an Fhèis air an ceadachadh, agus a fhuaras foirm-chosgaisean air a lionadh.

**5 A' cur crìoch air cùmhnant**

5.1 Mas e 's gu bheilear a' dol a chur crìoch air a' cùmhnant seo, agus nach ann air sgàth droch ghiùlain, gheibhear fios co-dhiù dà sheachdain ro làimh.

5.2 Ma tha (ainm) ag iarraidh an cùmhnant aca a thoirt gu crìch, faodaidh iad sin a dhèanamh le bhith a' toirt fios don Fhèis co-dhiù dà sheachdain ro làimh.

**6 Dìomhaireachd**

Dèiligidh (ainm) ri gach gnothach co-cheangailte ris an Fhèis, no ri a luchd-cleachdaidh, mar nithean dìomhair, agus chan innis e/i do agus cha bhruidhinn e/i ri neach sam bith man deidhinn ach daoine a tha ùghdarraichte leis an Fhèis. Ma thèid fiosrachadh a sgaoileadh a bhristeas na riaghailtean dìomhaireachd no eile, a rèir na Fèise, faodar crìoch a chur air a' cùmhnant seo gun fhios sgrìobhte ga chur thugaibh.

**7 Aonta**

Tha (ainm ball na comataidh), (dreuchd) aig Fèis (ainm na Fèise) air an ainm-sgrìobhte a chur ri seo air (ceann-latha a chaidh làmh a chur ris a' cùmhnant).

Tha mi a' dearbhadh gu bheil an sgrìobhainn seo na thairgse obrach fhoirmeil às leth Fèis (ainm na Fèise)

.....  
**(sgrìobhaibh ainm an neach bhon Fhèis a tha air ainmeachadh gu h-àrd)**

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi a' gabhail ris na riaghailtean is cùmhnantan gu h-àrd

.....  
**(sgrìobhaibh ainm an neach a thathar a' fastadh)**

## **Eàrr-ràdh 2**

### **Fèisean nan Gàidheal**

### **Stiùireadh Cùmhnaint air Coimpiutairean**

- 1 Tha uidheam coimpiutaireachd aig na Fèisean gus am bi i na dòigh chonaltraidh eadar na Fèisean, agus gus an urrainn don neach-cleachdaidh obair rianachd a dhèanamh às leth na Fèise aca. Chaidh a ceannachd le maoiniachadh bho Mhaoin Crannchuir Comhairle Ealain na h-Alba agus bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.
- 2 'S ann fo shealbh a' chompanaidh a bhios an uidheam daonnan, agus thèid a cleachdadh a rèir stiùiridh is ùrachaidhean bathair-bog sam bith a dh'fhaodas an companaidh a sgaoileadh bho àm gu àm.
- 3 Bheir an companaidh àrachas air an uidheim nuair a thathar ga gluasad bho àite gu àite.
- 4 Feumaidh an neach-cleachdaidh àrachas a thoirt air an uidheim nuair a tha i ga cumail aig an t-seòladh aca, agus seo a' ciallachadh nach bi an companaidh an urra ri milleadh no call sam bith a dh'èireas nuair a tha i ga cumail aig seòladh an neach-cleachdaidh. 'S dòcha gum bi feum aig a' chompanaidh air fianais bho àm gu àm gu bheil an neach-cleachdaidh fhathast a' toirt àrachas air an uidheim.
- 5 Feumaidh an neach-cleachdaidh an uidheam a chumail ann an deagh staid.
- 6 Chan fhaodar an uidheam seo a thoirt do neach-cleachdaidh eile gun chead ro làimh bhon companaidh.
- 7 Tha an companaidh a' gleidheadh na còrach an uidheam a thoirt air ais uair sam bith.
- 8 Feumar cothrom a bhith aig a' chompanaidh air an uidheim ma dh'fheumar, agus bheir iad fios don neach-cleachdaidh co-dhiù 48 uairean a thìde ro làimh.
- 9 Tha am bathar-bog uile a tha a dhìth gus obair na Fèise a dhèanamh air an uidheim seo. Ma tha neach-cleachdaidh ag iarraidh leasachaidhean/ùrachaidhean a dhèanamh a thaobh bathar-bog no bathar-cruaidh, feumaidh iad cead fhaighinn bhon companaidh ro làimh. Ma gheibhear cead, 's ann an urra ris an neach-cleachdaidh a-mhàin a bhios e gun tèid na h-ùrachaidhean a dhèanamh gun bhìoras tighinn air a' choimpiutair.
- 10 Feumaidh an neach-cleachdaidh obair a rèir Achd Slàinte is Sàbhailteachd san Àite-obrach 1974, agus bidh dleasan coitcheann aca dèanamh cinnteach:
  - gu bheil iad eòlach air, agus a' cumail ri, poileasaidhean slàinte is sàbhailteachd daonnan;
  - gun lean iad riaghailtean sàbhailteachd agus gum bi dòighean-obrach sàbhailte aca;
  - gun lean iad stiùireadh a' chompanaidh, agus daoine eile aig a bheil uallach airson slàinte is sàbhailteachd;
  - gun innis iad mu gach cunnart, dòigh-obrach cunnartach no bristeadh de phoileasaidhean sàbhailteachd don Chompanaidh;
  - gun innis iad mu gach tubaist no tachartas, co-dhiù ma chaidh cuideigin a ghoirteachadh no nach deach, don chompanaidh.
- 11 Feumaidh an neach-cleachdaidh obair a rèir Achd riaghailtean Slàinte is Sàbhailteachd (uidheam sgrionachan taisbeanadh) 1992.
- 12 Feumar am fiosrachadh uile a chumar air a' choimpiutair a chumail a rèir Achd Dìon an Fhiosrachaidh 1998.
- 13 Gheibh an neach-cleachdaidh seòladh post-d 'feisean.org', air am faighear a' mhòr-chuid de na brathan conaltraidh bhon companaidh. Mar sin, feumaidh an neach-cleachdaidh sùil a chumail air a' phost-d gu cunbhalach, co-dhiù uair san t-seachdain, agus nuair a tha e iomchaidh, feumaidh iad freagairt a chur air ais taobh a-staigh ùine reusanta.
- 14 Feumaidh an neach-cleachdaidh sgrùdadh bhìorais iomlan a dhèanamh gach mìos. Bu chòir sgrùdadh bhìorais a dhèanamh air gach faidhle ùr mus tèid an cleachdadh. Tha bathar-bog airson sgrùdaidhean bhìorais air an uidheim, agus mar sin, cha bhi an companaidh an urra ri milleadh a thèid a dhèanamh le bhìoras.
- 15 Thig acfhainn leis an uidheim a nì dìon oirre bho mhaoim-dealain a thigeadh bho shocaidean dealain is fòn. Feumar an uidheam a bhith ceangailte tron acfhainn seo an-còmhnaidh, agus mar sin, cha bhi an companaidh an urra ri milleadh sam bith a dh'èireas ri linn dealain no dealanaich.

- 16 Feumar innse don chompanaidh sa bhad ma thèid milleadh sam bith a dhèanamh air uidheim a tha a' tighinn fo sgèith an aonta seo.
- 17 Tha an stiùireadh a gheibhear leis an uidheim airson comhairle a-mhàin, agus 's ann mar sin a bu chòir coimhead air. Mar sin, cha bhi an companaidh a' gabhail ri tagraidhean a dh'èireas bho bhith a' leantainn an stiùiridh.